

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

C

Total

1220/31/01

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sar Ìre
Leughadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

THURSDAY, 2 MAY
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
CREDIT
READING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

| | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|

| | | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN

Pàirt 1

'S mise Màiri Nicleòid agus tha stòiridh agam dhuibh.

B' e àm an dara cogaidh a bh' ann agus bha mise na mo dheugaire a' fuireach còmhla ri mo theaghlach ann am baile beag croitearachd air taobh an iar thuath na Gàidhealtachd. Bha am baile againne ri taobh loch-mara agus bha baile beag no dhà eile mun cuairt oirnn. Coltach ri àiteachan eile de a leithid bha na daoine uile eòlach air a chèile. Ach bha an sgìre agam beagan eadar-dhealaichte bho iomadh sgìre. Bha an loch-mara air beulaibh an taighe againn air a chleachdadh le longan-mara cogaidh agus longan-bathair. 'S tric a bhitheadh iad a' tighinn a-steach airson connadh agus armachd fhaighinn à ionad sònraichte aig ceann an locha. Ach, ged a bha an loch freagarrach dhaibh ann an iomadh dòigh, bha suidheachadh an àite cuideachd ag obair nan aghaidh. Bha an t-uisge anns an loch gu math domhainn agus bha seo a' ciallachadh gum b' urrainn longan-fo-mhuir aig an nàmhaid seòladh a-steach gun fhiosta. Gus stad a chur orra chaidh lion a chur tarsainn beul an locha, rud a dh'obraich glè mhath.

Fhuair gu leòr dhaoine bho air feadh na sgìre cosnadh a' cuideachadh an nèibhidh agus an airm. Bha mise nam rùnaire ann an oifis 's mi dìreach air an sgoil fhàgail. Coltach ris a h-uile àite eile aig an àm dh'fheumadh a h-uile duine solais a chumail mùchte, fiù 's air na càraichean, gus nach bitheadh fios aig na plèanaichean Gearmailteach far an robh sinn. Ach a bharrachd air na bha a' dol air adhart nar measg cha robh cus dragh oirnn mun chogadh. Ged a b' e àm cogaidh a bh' ann, bha cèlidhean ann an talla beag a' bhaile agus bhitheadh saighdearan agus seòladairean a' dol ann. B' ann an sin a thachair mi ri seòladair òg Ameireaganach leis an ainm Ronald Everett. Fhuair sinn air adhart gu math le chèile, ach bha aige-san ri seòladh a dh'Ameireaga an ath latha. Dh'fhàg sin tùrsach mi an toiseach ach bha mi toilichte nuair a thuirte gum biodh e a' tilleadh an ceann mìos.

Bhitheadh na bàtaichean a' seòladh ann an sreathan de shia no seachd oir bha sin na bu shàbhailte dhaibh nuair a bha iad a-muigh sa chuan. Leis a h-uile rud mun àite a bhith cho diomhair cha robh e ceadachd do Ronald innse dè am bàta air am bitheadh e a' seòladh. Dh'fhàg na bàtaichean mu sheachd uairean an ath oidhche ach cha b' e deagh oidhche a bh' ann dhaibh. Bha gaoth mhòr ann le clachan-meallain agus bha a' mhuir, fiù san loch, gu math garbh.

Cha robh fios againn gun robh rudegin ceàrr gu mu dheich uairean an oidhche ud nuair a thàinig fios gun robh aon de na bàtaichean air a dhol air na creagan air eilean beag faisg air beul an locha.

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Càit an robh Màiri a' fuireach?

2

2. Ciamar a bha an t-àite coltach ri àitean eile de a leithid?

1

3. (a) Dè bhitheadh a' tighinn a-steach don loch?

2

(b) Carson a bha seo?

2

4. (a) Dè an cunnart a bh' ann?

2

(b) Dè chaidh a dhèanamh gus an cunnart sin a lùghdachadh?

2

5. Dè an cosnadh a bhiodh daoine anns an sgìre a' dèanamh?

1

[Tha ceistean 6, 7, 8, 9, 10, 11 agus 12 air duilleag a ceithir

Comharraidhean

6. Dè an riaghailt a bh' ann gus plèanaichean Gearmailteach a chumail air falbh?

2

7. Càit an do thachair Màiri ri Ronald?

1

8. (a) Carson a bha Màiri a' faireachdainn brònach?

2

(b) Dè rinn na bu toilichte i?

1

9. Carson a bhiodh na bàtaichean a' seòladh ann an sreathan?

2

10. Carson nach robh fios aig Màiri dè am bàta air am bitheadh Ronald?

1

11. Seall nach e deagh oidhche a bh' ann.

2

12. Càit an deach aon de na bàtaichean air tìr?

2

(25)

[Tha Pàirt 2 air duilleagan 5, 6 agus 7

Pàirt 2

Bha an t-eilean mu mhìle thar a' mhonaidh bhon taigh a b' fhaisge agus tha cuimhne agam air na fir uile coiseachd tron dorchadas gus na daoine a chuideachadh. Dh'fhuirich mnathan a' bhaile gus cobhair a thoirt don fheadhainn a bha air an sàbhaladh. Cha robh an t-eilean ach dà cheud meatair bhon chladach agus thàinig na bha beò a-steach air uachdar nan tonn no ann am bàtaichean-teasairginn. B' e oidhche dhoirbh a bh' ann. Leis an t-sìde cho dona, cha b' urrainn dhaibh èigh duine a chluinntinn os cionn fuaim na gaoithe agus gun solas bhon ghealaich 's e strì a bh' ann daoine fhaighinn air ais thar a' mhonaidh. Bha an suidheachadh a cheart cho dona dhuinne a bha aig an taigh oir cha robh fios againn dè bha a' tachairt. Bha fios againn cho èiginneach 's a bha an suidheachadh ach cha b' urrainn dhuinn càil a dhèanamh mu dheidhinn. Mar a thionndaidh gnothaichean a-mach cha robh sinn trang idir an oidhche ud oir ghabh an t-arm smachd air gnothaichean. Dhùisg sinn an ath mhadainn gu latha ciùin socair agus bha e doirbh dhuinn creidsinn gun robh a leithid de thubaist air tachairt.

Leis a' chogadh cha robh naidheachd sam bith anns na pàipearan-naidheachd. Bha a h-uile càil air a chumail dìomhair. Cha robh an riaghaltas airson brosnachadh a thoirt don nàmhaid agus bha iad cuideachd airson an t-ionad-connaidh a chumail am falach. Bha mise air m' fhàgail ann an neul gun fios agam an robh Ronald beò no marbh. Cha robh fònaichean cumanta anns na làithean ud agus cha robh fios aige air an t-seòladh agam airson fiu 's litir a chur thugam. Bu ghann a rachadh latha seachad nach bithinn a' smaoinichadh air. Ach, mar a chaidh na mìosan seachad agus gun fios a' tighinn cho-dhùin mi gur dòcha gun robh e dha-rìreabh air a' bhàta an oidhche uabhasach ud.

Bha sin gu mìos air ais.

Thàinig ogha mo pheathar, Criosaidh, don taigh agam aon fheasgar an dèidh na sgoile 's i air tòiseachadh air pròiseact ann an Gàidhlig san àrd-sgoil mu bhuidh a' chogaidh san sgìre. Rinn i rannsachadh san taigh-tasgaidh ionadail agus rinn i agallamhan leis a h-uile duine a b' urrainn dhi – mi fhèin nam measg. Chuir i brath a-mach air an eadar-lìon a' sireadh fios mu Ronald Everett.

Cha mhòr nach do thuit mi nuair a thuirt i gun d' fhuair i freagairt ag innse gun robh e fhathast beò agus càit an robh e a' fuireach. 'S e a' bhuil a th' ann gu bheil mi ga choinneachadh an ath sheachdain nuair a tha e a' tighinn a dh'Alba air làithean-saora a dh'aon-ghnothach dham fhaicinn. Tha gu leòr agam ri fhaighinn a-mach: cò ris a tha e coltach a-nis, a bheil e air pòsadh agus dè thachair dha an oidhche mu dheireadh a chunnaic mi e.

Bidh sgeulachd eile agam an uair sin dhuibh . . .

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Dè rinn na fir agus na boireannaich?

2

2. Ciamar a fhuair daoine bhon a' bhàta gu tìr?

2

3. Dè na rudan a rinn an oidhche cho doirbh do na luchd-sàbhalaidh?

4

4. Dè rinn an oidhche doirbh do na boireannaich?

2

5. Carson nach robh naidheachd anns na pàipearan-naidheachd mun tubaist?

2

6. Carson nach b' urrainn Ronald fios a chur gu Màiri?

2

[Tha ceistean 7, 8, 9, 10 agus 11 air duilleag a seachd

Comharraidhean

| | | |
|---|-------------|--|
| 7. Dè an co-dhùnadh chun an tàinig Màiri? | | |
| _____ | 1 | |
| 8. (a) Dè bha Crìosaidh a' dèanamh anns an sgoil? | | |
| _____ | | |
| _____ | 2 | |
| (b) Ciamar a fhuair i fiosrachadh? | | |
| _____ | | |
| _____ | 2 | |
| 9. Dè chuir i air an eadar-lìon? | | |
| _____ | 1 | |
| 10. Dè am fiosrachadh a fhuair Crìosaidh? | | |
| _____ | | |
| _____ | 2 | |
| 11. Dè na ceistean a th' aice ron choinneachadh? | | |
| _____ | | |
| _____ | | |
| _____ | 3 | |
| | (25) | |
| | [50] | |

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

C

Total
Mark

| |
|--|
| |
|--|

1220/31/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

THURSDAY, 2 MAY
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
CREDIT
LISTENING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

| |
|--|
| |
|--|

Baile

| |
|--|
| |
|--|

Ciad ainm(ean)

| |
|--|
| |
|--|

Sloinneadh

| |
|--|
| |
|--|

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

| | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

Àireamh an t-suidheachain

| |
|--|
| |
|--|

Tha aon earrann anns an deuchainn.

Tha an earrann na dà phàirt.

Cluinnidh tu gach pàirt dà thuras.

An dèidh dhut gach pàirt a chluinntinn an dara turas, freagair na ceistean air a' phàirt sin.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh fhad 's a tha thu a' cluinntinn gach pàirt.

Sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Comharraidhean

CEISTEAN

Pàirt 1

1. Dè na cur-seachadan a th' aig Màrtainn MacLeòid?

2

2. Dè tha Màrtainn ag innse dhuinn mun rathad air an robh e a' siubhal?

3

3. Dè nach do shaoil e nuair a dh'fhàg e fheìn agus an dràibhear aon bhaile?

2

4. Dè cho àrd 's a bha an rathad?

2

5. Seall mar a bha àirde an rathaid a' dèanamh dragh don charbad san robh iad a' siubhal.

2

6. Dè bha a' cur dragh air Màrtainn nuair a thòisich iad air a dhol sìos a-rithist?

2

Comharraidhean

7. Cuin a thuig Màrtainn gun robh a bheatha ann an làmhan an dràibheir?

2

8. (a) Cò thog an rathad an toiseach?

1

(b) Cuin a chaidh an rathad a thogail?

1

9. Minich na cunnartan a bha air gach taobh den rathad.

2

10. Dè na carbadan eile a bha a' cleachdadh an rathaid?

3

11. Ciamar a bhiodh na dràibhearan gan cumail fhèin nan dùisg?

2

(24)

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

CEISTEAN

Pàirt 2

1. Carson a bha croisean agus càirn de chreagan rim faicinn air an rathad?

2

2. Dè chunnaic e a chuir iongnadh mòr air?

2

3. Dè thuirt dràibhear Mhàrtainn nuair a thachair seo?

1

4. Dè cho fada 's a tha am pìos rathaid seo?

2

5. (a) Cò ris a bhiodh an rathad coltach aig àm nan tuiltean?

2

(b) Dè an cunnart a tha sin ag adhbhrachadh?

1

6. Carson a bhiodh na dràibhearan làraidh a' stad aig na h-amannan seo?

2

Comharraidhean

| | | | |
|-----|---|-------------|--|
| 7. | (a) Dè bhiodh a' tachairt don rathad tron oidhche? | 1 | |
| | _____ | | |
| | (b) Dè bhiodh air tachairt sa mhadainn? | | |
| | _____ | | |
| | _____ | 2 | |
| 8. | Cò ris a bha an rathad coltach nuair a bha Màrtainn a' siubhal? | | |
| | _____ | | |
| | _____ | 2 | |
| 9. | Ciamar a bha seo a' dèanamh dragh do luchd-siubhail? | | |
| | _____ | | |
| | _____ | 2 | |
| 10. | Inns dè chunnaic Màrtainn nuair a thàinig iad timcheall còrnair. | | |
| | _____ | | |
| | _____ | | |
| | _____ | 3 | |
| 11. | Ciamar nach b' urrainn dhaibh càil a dhèanamh don draibhear a bha air a leòn? | | |
| | _____ | | |
| | _____ | 2 | |
| 12. | Dè th' aig Màrtainn ri ràdh mu bhith a' ruighinn an ath bhaile? | | |
| | _____ | | |
| | _____ | 2 | |
| | | (26) | |
| | | [50] | |

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/31/12

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Earrann)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

THURSDAY, 2 MAY
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
CREDIT
LISTENING TRANSCRIPT

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



Part 1 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN

Tha Màrtainn MacLeòid na neach-naidheachd air Rèidio na Gàidhlig. Tha e air sreath de phrògraman a dhèanamh air dràibheadh.

Pàirt 1

Airson iomadh bliadhna tha ùidh air a bhith agam ann an dràibheadh agus ann an rèiseadh chàraichean ach nuair a fhuair mi an cothrom siubhal air fear de na rathaidean as àirde agus as cunnartaiche air an t-saoghal, cha b' urrainn dhomh a dhiùltadh. 'S e sin a dh'fhàg mi shuas anns na h-Andes ann am Boilibhia ann an Ameireaga a Deas. Nuair a dh'fhàg mi fhin agus dràibhear às an àite fhèin aon bhaile ann an carbad mòr goireasach cha do shaoil mi gun robh turas cho annasach no cho eagalach air mo bheulaibh don ath bhaile.

Chuir e iongnadh orm an toiseach gun do thòisich sinn air sreap cho luath 's a dh'fhàg sinn. Bha e doirbh dhomh a chreidsinn gum biodh e comasach dhuinn a dhol na b' àirde, ach 's e sin a rinn sinn. Aig còig mìle os cionn ìre na mara, cha b' fhada gus an robh einnsean a' chàir a' casadaich agus a' strì. Cha do dh'fhàs gnothaichean càil na b' fhasa nuair a thòisich sinn air cromadh a-rithist. A' coimhead air mo bheulaibh, bha e doirbh dhomh fhaicinn ciamar a bha an dràibhear a' dol a chumail rian air a' chàr a bha a-nise a' cromadh aig astar luath. Nuair a sguir an dràibhear de sgriachail agus a thòisich e air ùrnaigh, thuig mi gun robh mo bheatha na làmhan.

Chaidh an rathad a thogail an toiseach le prìosanaich cogaidh anns na tritheadan agus chan eil mi den bheachd gun deach atharrachadh mòr sam bith a dhèanamh air bhon uair sin. Cha robh aig an dràibhear ach ri aon mhearachd a dhèanamh agus bhiomaid a' tuiteam don abhainn air an taobh agamsa no a' dol le na creagan àrda air an taobh eile. Ach na bithibh a' smaoinichadh airson mionaid gun robh sinn leinn fhèin air an rathad seo. 'S ann a bha an t-slighe trang le seann chàraichean, làraidhean làn bheathaichean agus busaichean a' cur thairis le daoine. Stadadh na dràibhearann ann an àite sam bith airson beagan fois a ghabhail agus airson cagnadh air duilleagan coco airson iad fhèin a chumail nan dùisg. Tha cuimhn' agam a bhith a' smaoinichadh nach robh còir aig na carbadan seo a bhith air rathad sam bith gun ghuth air an rathad seo.

After the second reading of Part 1, wait for 5 minutes, and then read Part 2.

Part 2 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

Tha Màrtainn MacLeòid a' cumail air a' bruidhinn mun rathad as miosa air an robh e a-riamh.

Pàirt 2

Aig cuid de na piosan a bu chunnartaiche den t-slighe, bha croisean agus càirn de chreagan mar chuimhneachan air daoine a chaill am beatha air an rathad. Ach cha robh na dràibhearan a' toirt an aire do na croisean agus chunnaic mi le mo shùilean fhìn bus a' dol seachad oirnn air an taobh chearr. 'S gann a b' urrainn dhomh a chreidsinn. Chlisg mise nuair a chunnaic mi am bus agus chuala mi an dràibhear agamsa ag ràdh ann am Beurla nach biodh na daoine air bòrd a' bhus fada beò.

A h-uile bliadhna, tha e coltach gu bheil suas ri trì cheud duine a' call am beatha air a' phìos rathaid a tha seo a tha nas lugha na caogad mìle a dh'fhaid. Dh'inns an dràibhear dhomh mu àm nan tuiltean sna beanntan. Thig an t-uisge an uair sin, a' dòrtadh sìos na bruthaichean agus bidh an rathad gu math cunnartach — fliuch, sleamhain agus tha e doirbh fios a bhith aig dràibhear càite a bheil oir an rathaid. Chuala mi sgeulachdan mu chuid de dhràibhearan làraidh a bha fada ro sgìth no air an robh eagal ro mhòr airson cumail a' dol aig amannan mar seo. Fhad 's a bhiodh iad nan cadal sna làraidhean, bhiodh an rathad air a sguabadh air falbh sna tuiltean tron oidhche agus cha bhiodh sgeul air na làraidhean no na dràibhearan bochda sa mhadainn.

Ach nuair a bha sinne a' siubhal, bha an rathad tioram le dust min air feadh an àite. Bha an dust a' dèanamh dragh do luchd-siubhail agus a' toirt air a h-uile duine a bhith a' casadaich agus a' suathadh an sùilean. Thàinig sinn timcheall còrnair agus bha am bus a chaidh seachad oirnn roimhe air stad am meadhan an rathaid. Bha am bus air bualadh ann an làraidh agus bha dràibhear a' bhus ann an droch staid. Cha b' urrainn do dhuine cuideachadh sam bith a thoirt dha oir cha robh fònaichean-làimhe ag obair an seo agus ged a bhiodh, cha robh seirbheisean èiginn faisg. Bha mi a' faireachdainn cho ciontach fhad 's a bha sinne a' dràibheadh seachad gu slaodach. Fuirichidh an sealladh ud nam chuimhne gu bràth. Bha sgeulachd uabhasach air gach oisean agus cha leig mi leas innse dhuibh gur e faochadh a bh' ann nuair a ràinig mi mo cheann-uidhe san ath bhaile. Aon rud cinnteach – cha ghearain mi tuilleadh mu rathaidean Alba!

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]